

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Faodar seo a chleachdadadh sa bhad – 18/01/11

Bòrd na Gàidhlig a' toirt cothrom ùr air taic-airgid do choimhairsnachdan

Tha Taic Freumhan Coimhairsnachd, sgeama maoineachaидh aig Bòrd na Gàidhlig, air fosgladh a-rithist airson iarrtasan ùra bho bhuidhnean a tha ag amas air cothroman ionnsachaидh agus cleachdaидh na Gàidhlig a leudachadh anns na sgìrean aca fhèin.

Thuirt Daibhidh Boag, Leasaiche Cànan aig Bòrd na Gàidhlig:

“Chaidh plana gnìomha a’ Bhùird, Ginealach Ùr na Gàidhlig, fhoillseachadh an-uiridh agus tha seo ag amas gu sònraichte air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh. Tha am plana seo air cothrom às ùr a thoirt dhan Bhòrd coimhead air na goireasan a th’ agaинн, agus, airson Ginealach Ùr na Gàidhlig a chur an gnìomh gu soirbheachail, tha e deatamach gum meudaich cleachdadadh na Gàidhlig aig ìre coimhairsnachd, ann an dachaighean, sgoiltean agus sgìrean air feadh Alba.”

“Thairis air na bliadhnaichean, tha sgeama Taic Freumhan Coimhairsnachd air a bhith gu math cuideachail dha iomadh seòrsa buidheann gus na pròiseactan aca a chur an gnìomh. Mar eisimpleir, chaidh taic a thoirt do bhuidhnean ro-sgoile gus na seirbheisean aca a leudachadh, agus do bhun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean airson cur-seachadan taobh a-muigh a’ chlas a thoirt seachad. Chaidh taic cuideachd a chumail ri clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaидh agus do phròiseactan aig buidhnean spòrs, creideimh agus ealan. Bha na buidhnean seo uile ag amas air a’ Ghàidhlig a bhrosnachadh san sgìre aca, airson a’ choimhairsnachd gu lèir a neartachadh. Tha mi ’n dòchas a-nis gun tig buidhnean bho air feadh Alba air adhart a-rithist le tagraighean dhan sgeama seo, gus na nithean seo a thoirt air adhart anns na sgìrean aca fhèin.”

Tha tuilleadh fiosrachaидh agus foirmean iarrtais airson Taic Freumhan Coimhairsnachd rim faotainn bho làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig www.gaidhlig.org.uk no cuiribh fòn gu 01463 225454. Bidh an cothrom seo airson iarrtasan a chur a-steach a’ dùnadh air **Dihaoine 18 Gearran, 2011.**

A’ chrìoch

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Notaichean

Ginealach Ùr na Gàidhlig

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phrìomhachadh ghoireasan agus ghnìomhan gus meudachadh air togail càinain a thoirt gu buil mean air mhean. Airson tuilleadh fiosrachaидh faicibh www.gaidhlig.org.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For immediate use – 18/01/11

Bòrd na Gàidhlig community fund open for new applications

Bòrd na Gàidhlig has opened its community support fund, Taic Freumhan Coimhersnachd to new applications. The fund is specifically designed to assist a wide range of groups and organisations wishing to support and increase the learning and usage of Gaelic in their community.

David Boag, Leasaiche Cànan Gàidhlig (Head of Gaelic Usage) at Bòrd na Gàidhlig said:

“The publication of our action plan to increase the number of Gaelic speakers – Ginealach Ùr na Gàidhlig, has given the Bòrd a new opportunity to consider how best to focus our resources. It is vital to the success of Ginealach Ùr na Gàidhlig that the aspirations contained within this plan are translated into positive contributions towards the growth of Gaelic usage and learning in homes, schools and communities across Scotland.”

“Over a number of years, Taic Freumhan Coimhersnachd has provided support to a wide range of community groups and organisations, including pre-school groups wishing to improve their service provision, primary and secondary schools providing extra-curricular Gaelic-medium activities, the establishment of adult learner classes locally and projects undertaken by sporting, religious or arts groups. The key common element with all of these has been their desire to promote the Gaelic language locally, for the benefit of the whole community. I would encourage any group or organisation across Scotland with a similar desire to consider applying to this fund.”

More information about the fund and an application form can be accessed via the Bòrd na Gàidhlig website www.gaidhlig.org.uk or by calling 01463 225454. The closing date for applications is **Friday 18th February 2011**.

Ends.

Notes to Editors

Ginealach Ùr na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Ginealach Ùr na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, re-prioritising resources and actions to produce an incremental increase in language acquisition. For more information, see www.gaidhlig.org.uk

Ma tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach mun naidheachd seo, cuiribh fios gu:

Daibhidh Boag: 01463 225454

Bòrd na Gàidhlig: www.gaidhlig.org.uk Agus: www.mygaelic.com

For further information on the contents of this news release, please contact:

David Boag: 01463 225454

Bòrd na Gàidhlig website: www.gaidhlig.org.uk See also: www.mygaelic.com